

Còraichean Dhaoinne

Tha an Achd mu dheidhinn a bhith a' lorg cothromachadh eadar a bhith a' toirt spèis do chòraichean dhaoinne is a bhith a' dol an gnìomh far a bheil e riatanach gus taic is dìon a thoirt dhaibh.

Bu chòir dhi daoine fa leth a chuideachadh gus am beathannan a chur seachad mar a thogras iad, tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt taic seachad nuair a tha feum aca air, agus tro bhith a' toirt dòigh seachad gus inbhich a tha ann an cunnart bho chion no dearmad.

Cò a dheidheadh an gnìomh?

Feumaidh comhairlean, luchd-obrach slàinte is poileis, am measg feadhainn eile, obrachadh còmhla a-nis gus “inbhich ann an cunnart” a dhìon.

Tha cleastanas aig comhairlean rannsachadh is sgrùdadh a dhèanamh air cùisean far a bheil a' amharas cron no far a bheil fios gu bheil cron a' tachairt. Tha cumhachdan aig oifigearan comhairle gus tadhal air daoine is agallamh a chumail leotha, deuchainnean meidigeach a chur air dòigh agus ciàran a sgrùdadh. Feumaidh iad cuideachadh gus beachdachadh co dhiubh a tha feum air tagradh no seirbheisean eile, leithid cuideachadh le feigheasan no seirbheisean taic.

Cuideachd, tha trì seòrsachan ùra “òrdughan dìona” ann a dh'fhaodas a bhith air an cleachdadh.

Cò thuige a bu chòir dhomh fios a chur?

Cuir fios chun nan seirbheisean obair-shòisealta ionadail agad. Faodaidh tu cuideachd bruidhinn ri proifeasantach slàinte no ris a' phoileas. Gabhaidh iad aire do na draghan agad.

Tha a' bhileag seo ri faotainn ann an riochdan is ann an cànanan eile. Cuir fòn gu Sgìoba Reachdais Dion nan Inbheach air 0131 244 3633 no post-d gu ASPUnit@scotland.gsi.gov.uk airson fiosrachadh.



The Scottish
Government

Taic is Dìon do dh'Inbhich: A' Dèanamh Cinnteach à Taic is a' Cur Bacadh air Cron

Tha Achd Dion is Taic nan Inbheach (Alba) 2007 a' toirt seachad dhòighean gus taic is dìon a thabhann do dh'inbhich shònraichte a dh'fhaodadh a bhith ann an cunnart bho chion no dearmad.

Cò a tha na “inbheach ann an cunnart bho chion” a rèir na h-Achd?

Thathar a' sònrachadh “inbheach ann an cunnart” bho chion mar neach a tha aois 16 no nas sine nach urrainn iad fhèin a dhìon bho chuideigin a bhith a' dèanamh cron orra, a' gabhail brath orra no a' dèanamh dearmad orra, air sgàth:

- ciorram;
- mì-rian inntinn;
- tinneas; no
- easlaint chorporra no inntinn.

Dè is urrainn dhomh a dhèanamh?

Ma tha dragh ort gu bheil a' dèanamh cron air cuideigin a dh'athnìcheas tu, iad a' fulang bho dhearmad, no cuideigin a' dèanamh dochann orra, **tha e cudromach inns do chuideigin**. Tha còir aig a h-uile duine a bhith sàbhailte.

Cuimhnich gum faod an neach a rinn seo a bhith ga dhèanamh air daoine eile cuideachd. No dh'fhaoidte nach urrainn don neach a tha a' fulang a' chroin no an dearmad inns mu dheidhinn iad fhèin. Fìu's ged a bhiodh e air tachairt bho chionn iomadh bliadhna, tha e fhathast cudromach inns mu dheidhinn.

Dè tha ann an cron?

Thathar a' mìneachadh cron mar giùlan cronail **air fad**. Tha eisimpleirean den a seo a' gabhail a-steach:

Corporra: bualadh, sgailiceadh, putadh, crathadh, glasadh ann an seòmar, ceangal ri cathair, cuingealachadh saorsa.

Saidhgeolasach: maoidheadh cron, a bhith gam fàgail leotha fhèin, isleachadh, cur fo eagal, sàrachadh, càineadh labhairteach, burraidheachd, cur coire, dì-moladh gun sgur, cumail smachd, dìùltadh buntanas le daoine eile.

Dearmad: fàiligeadh cùram meidigeach no corporra a thoirt seachad, faighinn gu dotair no seirbheisean eile, no a bhith a' dìùltadh leigheasan, biadh no biàths, diomhaireachd no urram do neach, fèin-dhearmad.

Ionmhasail: goid, foill, a bhith a' cur cuideam cuid-seilbh no airgead a chur an ainm neach, mi-chleachdadh cuid-seilbh no sochair, no a bhith a' cur bacadh air neach bho bhith a' faighinn an cuid airgid no an cuid gnothaichean.

Feiseil: gnìomh feiseil sam bith nach eil an neach a' tuigsinn no ag iarraidh, togail dhealbhannan drabasta, sàrachadh feiseil, a bhith a' coimhead orra gu drabasta.

Fiosrachadh: a bhith a' cumail fiosrachadh no comhairle mu chòraichean no làn-chòraichean air ais.

Lethbhreith: air sgàth aois, dath, ciorram, gnè, cinneadh, creideamh, cùl-eachdraidh chultarail no stiùireadh gnèitheil.

Càite am faod cron tachairt?

Am bad sam bith. Faodaidh e tachairt ann an dachaigh ann an dachaigh an teaghlaidh, ann an uàrd ospadail, dachaigh cùraim, seirbheisean latha, clubaichean sòisealta, ionadan latha, aig an obair agus ann an àiteachan poblach.

Am measg nan comharran gum faodadh cron a bhith a' tachairt tha:

- leòn gun mhineachadh no leòn an-àbhaisteach;
- maill ann a bhith a' sireadh leigheas airson leòn no tinneas;
- a bhith nas troimh-chèile gun rabhadh;
- slàinte no coltas a' fàs nas miosa gun adhbhar;
- daoine a bhith draghail no eagalach;
- mì-chleachdadh leigheasan, m.e. gun a bhith a' toirt seachad leigheasan ceart;
- atharrachaidhean ann an giùlan gun adhbhar follaiseach, m.e. a bhith a' fàs draghail is a' tarraing air ais, eagal ro neach eile;
- cuideam bho theaghlach no phroifeasanta(i)ch cuideigin a ghluasad a-mach no a-steach do chùram;
- neach a bhith gan giùlan fhèin ann an dòigh nàimhdeil no mhi-choibhneil;
- fiachan gun mhineachadh, gun a bhith a' pàigheadh chunntasan airson seirbheisean;
- nach eilear a' coinneachadh ris na feumalachdan bunaiteach aca, leithid biadh no biàths gu leòr;
- nach eilear a' toirt fiosrachadh gu leòr dhaibh mu na còraichean no na làn-chòraichean aca, no a bhith a' faighinn fiosrachadh mearachdach;
- gnìomhan no beachdan claon-bhreitheach gan dèanamh ris an inbheach ann an cunnart, mu aois, gnè, ciorram, cinneadh, dath, no stiùireadh gnèitheil no creideimh;
- neach eile a' cleachdadh ghnothaichean, cunntas banca no cuid-seilbh an inbhich, gun fhiosa dhaibh; agus
- nach eil an t-inbheach a tha ann an cunnart a' faighinn cùram ceart, a bheireadh dìon dhaibh bho chion.

Cò a dh'fhaodas cron adhbhrachadh?

Neach sam bith. Mar eisimpleir dh'fhaoidte gur e:

- ball luchd-obrach ann an suidheachadh slàinte/cùraim;
- neach-cùraim;
- ball teaghlaidh;
- cèile no companach;
- caraid no nàbaidh;
- saor-thoilich; no
- coigreach.